

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 12 | 2016 | AN DUBHLACHD

Facal Toisich

On ath mhìos bidh *Na Duilleagan Gàidhlig* air an clò-bhualadh ann an dreach ùr. Riamh bho thàinig a' cheud iris am follais ann an 1880 bha na duilleagan air an toirt a-mach còmhla ris a' mhìosachan Bheurla. Bhiodh an luchd-leughaidh a' faighinn nan duilleag 'nan làmhnan a h-uile mìos.

Ach a-nis chan fhaighear *Na Duilleagan* ach air loidhne agus mar sin cha bhi iad rim faotainn ach le daoine aig a bheil coimpiutar. Tha fios gum bi sin 'na dhuilgheadas do chuid mhath den luchd-leughaidh. Ach tha sinn an dòchas gun tèid aig coitheanalan air leth-bhric de na duilleagan a chlò-bhualadh a bheir iad seachad do leughadairean aig nach eil innleachdan an latha an-diugh. Tha fios agam gu bheil eaglaisean ann a bhios a' fàgail leth-bhreac de *Na Duilleagan Gàidhlig* air na suidheachain airson gum faod luchd-adhraidh an toirt leo.

Chì an luchd-leughaidh eadar-dhealachadh ann an cruth agus ann an coltas na h-iris. Bidh dath air na duilleagan, gu h-àraidh anns na dealbhannan, rud nach robh againn riamh roimhe seo bho thàinig iad a-mach an toiseach.

Bidh sinn toilichte beachdan fhaighinn o na leughadairean air ciamar a tha an dòigh ùr a' còrdadh riutha. An còmhnaidh nuair a tha atharrachaidhean a' tighinn cha tig iad ri càil a h-uile duine. Tha atharrachaidhean ann a tha buannachdail agus feadhainn eile nach eil 'nam beannachd.

**Le deagh dhùrachd do ar luchd-leughaidh air fad,
Ruairidh MacLeòid**



Tuigidh mòran den luchd-leughaidh air cumadh na h-eaglais seo gur e fear de na taighean-adhraidh a dhealbh Tòmas Telford a tha ann. Seo eaglais Loch Lùchairt ann an siorrachd Rois. Bha an t-Urr. Fionnlagh Dòmhnallach, a bhuineadh do na Hearadh, fichead bliadhna 'na mhinistear anns an sgìr seo, eadar 1969 agus 1989. Tha an coitheanal a-nis ceangailte ri sgìrean eile, Fodhratidh, Srath Pheothair agus Cunndainn.

Cùil nan Ceist

Anns an Dùbhlachd bidh sùil againn ri side stoirmeil agus thèid bacadh air luchd-siubhail air na rathaidean agus aig muir. An turas seo 's e ceistean mu àiteachan anns a' Bhioball anns a bheil iomradh againn air stoirmean a tha sinn a' cur oirbh. Gheibh sibh fuasgladh nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè an latha sònraichte air an cualas toirm o neamh mar shèideadh gaoithe ro-thrèin? (Gnìomharan, caibideil 2.)
2. Lìon a' bheàrn – “Bha a' ghaoth 'nan ———.” (Mata caibideil 4.)
3. Cò na daoine a bhios coltach ri asbhuain ron ghaoith? (Iob, caibideil 21.)
4. Dè a thàinig a-nuas air an loch nuair a bha na deisciobail a' dol thairis chun an taoibh thall? (Lùcas, caibideil 8.)

Am Measg mo Leabhraichean – 5

Tha facal ann a tha ag ràdh gur e companach math a tha ann an leabhar, agus 's e seo cuspair ar smuaintean anns na sgrìobhaidhean seo.

Bho chionn sia bliadhna air ais fhuair mise cothrom a dhol gu ruige Hiort, ceithir fichead bliadhna an dèidh don t-sluagh an t-eilean iomallach sin fhàgail. Air an turas thug mi leam leabhar beag mar chompanach.

'S e a tha anns an leabhar seo cruinneachadh de na marbhrainn agus na dàin spioradil eile a sgrìobh Iain Dòmhnallach, ministear mòr na Tòiseachd. Bha mi air an leabhar-latha aig an Dòmhnallach a leughadh a chùm e gu mionaideach air na ceithir chuirtean a ghabh e gu eilean Hirt eadar 1822 agus 1830.

'S e fear de na dàin ann an leabhar-laoidhean an Dòmhnallaich, *Turas an Ughdair do Eilean Hiort*. Tha againn an seo na smuaintean a bha a' dol tro inntinn a' mhinistear air a' cheud chuart a ghabh e gu Hiort ann an 1822. Tha trì fichead agus seachd deug de cheathramhan anns an dàn, agus leugh mi e gu socair o cheann gu ceann agus mi 'nam sheasamh ann an deireadh a' bhàta air an turas gu Hiort. Am broinn an leabhair sgrìobh mi na faclan, *Ruairidh MacLeòid, Hiort, an treas latha deug den Lùnasdal, 2010*.

Tha rann cho ainmeil agus a sgrìobh Iain Dòmhnallach againn anns an laoidh, *An Crìosdaidh aig Bruaich Iòrdain*. Chuala mi barrachd air aon duine a' togail nam briathran sin air Latha na Ceist. Saoilidh mi gur e seo mìneachadh cho math agus a gheibh sinn air gur ann air obair chrìochnaichte Chrìosd a tha ar slàinte an crochadh.

*Na rinn 's na dh'fhuiling Slànaighear,
Mar siud an àit' a shluaigh,
'S e mhàin as bunait theàrnaidh dhomh,
'S chan e gach gràs a fhuair –
'S e siud as dìon 's as teàrmann dhomh,
Dol an coinneamh bàis is uigh,
'S e siud bheir dhachaigh sàbhailt' mi
Don àit' am faic mi 'n t-Uan.*

Leabhraichean

Anns na Sgrìobtaran, anns an t-Seann Tiomnadh agus anns an Tiomnadh Nuadh, tha iomradh againn air coicheanglan, no cùmhnantan, de gach seòrsa, gu h-àraidh an cùmhnant a tha eadar Dia agus daoine. Bha an cùmhnant a rinn Dia ri daoine aig teis-meadhan creideamh an Ath-leasachaidh.

Tha an t-Oll. Urr. Anndra Mac a' Ghobhainn, ùghdar an leabhair seo, air a bhith 'na mhinistear anns an Eaglais an Ear ann an Inbhir Nis o 2009. Tha e air cliù a chosnadh mar sgoilear agus mar sgrìobhaiche. Roimhe seo bha e 'na Phrionnsabal air Colaisde Diadhaireachd ann an Inbhir Pheofharain, agus tha ceangal aige fhathast ris a' cholaisde.

Tha e soilleir gu bheil an t-ùghdar air sgrùdadh domhainn a dhèanamh air sgrìobhaidhean dhoine eile nar latha-ne agus

Ministear Ur ann an Uibhist

Bha sinn toilichte a chluinntinn gun deach beàrn eile a lìonadh ann an sgìrean anns na h-eileanan a tha air a bhith greis gun mhinistear. Anns an t-Sultain chaidh an t-Urr. Anndra Pòl Kuzma a phòsadh ri dà chiotheanal ann an clèir Uibhist a tha a-nis ceangailte ri chèile.

Air ceann na seirbheis a chumadh ann an eaglais a' Chlachain ann an Uibhist a Tuath bha Moderàtor na clèir, an t-Oll. Urr. Daibhidh MacDhòmhnaill, ministear Mhànais agus Sgarastaidh ann an ceann a deas na Hearadh. Leugh clèireach na clèir, Mgr. Wilson MacFhionnlaigh, na sgrìobtaran. Chaidh an searmon a thoirt seachad leis an Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach, ministear an Tairbeirt. Labhair an t-Oll. Urr. Iain Mac a' Mhuilleir faclan comhairleachaidh ris a' mhinistear ùr agus ris a' chiotheanal.

Aig deireadh na seirbheis chaidh tional a thogail do charthannais ionadail. An dèidh an adhruidh fhuair na bha an làthair cuireadh gu biadh agus conaltradh ann an talla Chàirinis.

Tha sinn a' guidhe gach beannachd do Mhgr. Kuzma agus da theaghlach 'nan obair ann am Beinn na Fadhla agus ann an Uibhist.



Seo eaglais agus mansa Bheinn na Fadhla. Seo far am bi an dachaigh aig an Urr. Anndra Pòl Kuzma. Thog an Eaglais Shaor na togalaichean seo, agus na taighean-adhruidh agus na mansaichean aig a' Chlachain agus ann am Beàrnaraigh na Hearadh faisg air an aon àm anns an naodhamh linn deug.

Adam, Christ and Covenant

A. B. Mac a' Ghobhainn

(Air fhoillseachadh le Apollos. £)

anns na linntean a dh'fhalbh, sgrìobhaidhean a tha a' dol leis na beachdan aig an Oll. Mac a' Ghobhainn agus feadhainn ris nach eil e ag aontachadh. Tha an leabhar a' dèanamh rannsachaidh air na beachdan aig sgoilear Albannach, am Proifeasair Iain Moireach, a bhuineadh do Chataibh ach a chuir seachad a' chuid mhòr de a bheatha a' teagasg anns na Stàitean Aonaichte.

Ma dh'fhaodte gum bi daoine nach eil cleachdte ri bhith a' leughadh leabhraichean air diadhaireachd a' faireachadh gu bheil an leabhar seo car domhainn. Ach ged nach biodh eòlas aca air diadhaireachd agus air feallsanachd gheibh iad buannachd o bhith a' leughadh an leabhair sgoilearaich seo le fear-sgrìobhaidh Soisgeulach a tha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Searmon Beag

Na biodh eagal ort.

A' leughadh a-rithist mu bhreith Chrìosd, mar a tha an t-iomradh againn anns na Soisgeulan, bhuail e orm na bha ann de dhaoine co-cheangailte ri teachdaireachd na Nollaig a chuala na faclan, *Na biodh eagal ort.*

Chanadh sibh gur e *aoibhneas*, agus nach e eagal, a bhiodh ann an cridhe nan daoine a chuala gu robh Slànaighear an t-saoghail gu bhith air a bhreith. Gun teagamh sam bith, bha aoibhneas ann aig a' cheud Nollaig sin. Nuair a chunnaic na draoidhean on àird an ear an reult, *rinn iad gàirdeachas ro-mhòr.* 'S e *sgeul a' mhor-aoibhneis* a bha aig an aingeal do na buachaillean.

No chanadh sibh gur e *taingealachd* agus nach e eagal, a bhiodh ann an cridhe nan daoine a chuala gu robh geallaidhean an t-Seann Tiomnaidh a' tighinn gu buil.

Agus bha taingealachd ann an ceart da-rìreabh. *Thill na buachaillean, a' tabhairt glòire agus molaidh do Dhia airson nan nithean a chuala agus a chunnaic iad, a rèir mar a labhradh riu.*

Ach *eagal?* Dè an t-àite a tha aig eagal ann an teachdaireachd na Nollaig?

Tha ceithir àiteachan anns na Soisgeulan far a bheil e air innse dhuinn gu robh daoine fo eagal agus fo gheilt anns na làithean sin. Chuala iad le chèile na faclan, *Na biodh eagal ort.*

Cha chleachdadh tu cainnt mar sin ach ri duine a bha air chrith leis an eaglais.

An toiseach bha Sacharias, an sagart ann.

B'esan athair Eòin Baistidh. Bha e a' frithealadh aig an altair mar a rinn e iomadach latha roimhe sin. Ach an latha a bha siud thachair rud iongantach. Chunnaic e aingeal. Thubhairt an t-aingeal, *Na biodh eagal ort, a Shacharais; oir fhuair d'ùrnaigh èisdeachd.* 'S e an ùrnaigh dhùrachdach a bha aig Sacharias gum biodh mac aige. Bhiodh a mhac, Eòin, Eòin Baistidh, ag ullachadh na slighe airson minstrealachd an t-Slànaigheir.

A-rithist bha Iòseph ann.

Thàinig aingeal thuige-san cuideachd, ach ann an aisling. Bha Iòseph fo dhragh agus fo thrioblaid aig an àm seo oir bha a bhean,

Moire, torrach gun iad fhathast ach fo cheangal-pòsaidh. Thubhairt an t-aingeal, *Na biodh eagal ort do bhean Moire a ghabhail ad ionnsaigh: oir an nì a tha air a ghineamhainn innte, is ann on Spiorad Naomh a tha e.*

Bha Moire fhèin ann cuideachd.

Thàinig an t-aingeal Gabriel thuice-se. Bha ise fo thrioblaid intinn nuair a chuala i teachdaireachd an aingeil, gu robh ise gu bhith beannaichte am measg bhan. Ach chuala ise na briathran a chuala càch, *Na biodh eagal ort. Na biodh eagal ort, a Mhoire: oir fhuair thu deagh-ghean o Dhia.*

Agus mu dheireadh bha na buachaillean ann.


Tha sinn a' leughadh gun tàinig aingeal an Tighearna orra, agus dhealraich glòir an Tighearna mun timcheall, *agus ghabh iad eagal mòr.* 'S e a' cheud fhacal a labhair an t-aingeal, *Na biodh eagal oirbh.* Cha b'e deireadh an t-saoghail a bha ann, ach toiseach saoghail ùir. *Feuch, tha mi ag innse dhuibh deagh-sgeul mòr-aoibhneis, a bhios don uile shluagh. Oir rugadh dhuibh an-diugh Slànaighear, ann am baile Dhaibhidh, neach as e Crìosd an Tighearna.*

Am Moderàtor




Chaidh innse anns an Dàmhair cò a chaidh a thaghadh gu bhith 'na Mhoderàtor air an ath Ard-sheanadh. Is esan an t-Oll. Urr. Derek Browning, a tha air a bhith 'na mhinistear ann an sgrì Morningside ann an Dùn Eideann o 2001. Tha deagh eòlas aige mar-thà air gnothaichean an Ard-sheanaidh.


Gàidhlig Shìmplidh

 Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Tilg air an Tighearna do chùram." Tha na faclan sin sgrìobhte ann an


Leabhar nan Salm – an còigeamh salm deug thar an dà fhichead, aig an darna rann thar fhichead. (Salm 55:22). Bidh a h-uile duine uallachail. Bidh uallach orra mu chor an t-saoghail. Bidh uallach orra mun teaghlach. Bidh uallach orra mun dèidhinn fhèin. Chan eil e air iarraidh oirnn na h-uallaichean sin a ghiùlan nar neart fhèin. Gheibh sinn cuideachadh o dhaoine eile. Agus tha an còmhnaidh deònach neart a thoirt dhuinn nuair a tha Dia sinn fo chùram.

 Am bi sibh ag èisdeachd ri *Smuain nan Maidne* air an ràdio? Tha e math gum biodh ar smuaintean air an togail

aig toiseach an latha. An còmhnaidh cluinidh sinn rudan a tha glic agus tuigseach. 'S toigh leam a bhith ag èisdeachd ri seirbheisean air an ràdio. Bheir na seirbheisean Gàidhlig cuideachadh do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Agus tha teagasg spioradail anna cuideachd. Nuair nach eil daoine comasach air a bhith a' dol don eaglais, tha na meadhanan seo 'nam beannachd dhaibh. Nuair nach eil daoine comasach air searmon a leughadh gheibh iad beannachd o shearmon craobh-sgaoilte.

 Seanfhacal airson na mìos seo: "Cha dèan cas luath maorach." (Hasty foot won't get (make) shellfish.) Ma

tha thu airson a ghlacadh feumaidh tu a bhith foighidneach. Ma bhios tu ro-luath chan fhaic thu far a bheil am maorach. Tha sin fìor ann am beatha dhaoine. Ma tha sinn ro-chabhagach nì sinn mearachan. Ann an iomadh suidheachadh nì sinn nas fheàrr ma ghabhas sin air ar socair. Tha sinne beò ann an latha anns am bi daoine a' dèanamh cus cabhaig. Cha robh ar sinnsearan idir cho cabhagach 'nam beatha o latha gu latha. Ach bha iad toilichte 'nan nàdar.

 Anns an Dàmhair rinn stoirmean milleadh mòr ann an Haiti agus ann an dùthchannan eile. Chaill daoine am

beatha. Bha na mìltean de dhachaighean air an sgrios. Bheir e bliadhnanachan mòra mus bi rathaidean agus drochaidean air an càradh. Ged a bhios sinn a' gearan air an aimsir, tha còir againn a bhith taingeil nach side cho mì-chinnteach againn anns an dùthaich againne. Agus tha còir againn a bhith a' cuimhneachadh air na daoine a tha air am fàgail gun dachaigh agus gun chosnadh. Faodaidh beagan airgid cuideachadh mòr a dhèanamh ann an dùthchannan bochda an t-saoghail.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*O molamaid an Tì sin,
Don tìr seo a thàinig,
A cheannaich le 'fhuil phrìseil
Dhuinn ìocshlaint gu gràs-mhor;
Sa bhaile san taigh-òsda.
Don òigh cha robh àite;
Sa phrasaich 's ann a fhuair na
Caomh-bhuachailleann 'n Slàn'ghear.*

Seo a' cheud rann ann an dàn spioradail a chuir am bàrd
lain MacGhilleathain ri chèile. Tha an rann seo freagarrach
airson àm na Nollaig agus sinn a' cuimhneachadh air teachd
an Fhir-shaoraidh a dh'ionnsaigh an t-saoghail.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu ghaothan
air a' cheud dhuilleig. 1. Latha na Caingis. 2. —aghaidh.
3. An t-aingidh. 4. Anradh na gaoithe.

SEIRBHEIS A' MHOID

Chumadh seirbheis Ghàidhlig ann an Steòrnabhagh airson
fosgladh a' Mhòid Nàiseanta. Bha an t-seirbheis ann an
Eaglais a' Mhàrtainnich. Mar a tha a' tachairt a h-uile bliadhna
's e seirbheis eadar-eaglaiseil a bha seo. A' searmonachadh
bha an t-Urr. Seumas Maclamhair, Eaglais Shaor
Steòrnabhagh. Air an oidhche chumadh coinneamh ann
an Eaglais a' Mhàrtainnich le ceòl spioradail Ceilteach.
Tha an co-chruinneachadh sin air iomall a' Mhòid an
còmhnaidh a' còrdadh ris an luchd-èisdeachd.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Herbert Gunneberg, a bhuineadh don
Ghearmailt, 'na mhinistear ann an eilean Ghiogha. Bha ùidh
mhòr aige anns a' Ghàidhlig agus bhiodh Fear-deasachaidh
nan Duilleagan Gàidhlig bho àm gu àm a' dol a-null a chumail
seirbheis ann an Giogha an dèidh dha na seirbheisean Sàbaid
aige fhèin a fhrithéaladh. A' cheud turas a chaidh e ann thug
Mgr. Gunneberg cuairt timcheall an eilein e anns a' chàr.

A h-uile duine a chìtheadh e bha e a' faighneachd dhaibh an
robh iad a' dol don t-seirbheis. Thàinig sinn air seann duine le
a chù ri taobh an rathaid. "A bheil Gàidhlig agad?" thubhairt
am ministear. "Chan eil," fhreagair am fear eile. "A bheil thu
a' dol don t-seirbheis a-nochd," chaidh fhaighneachd dha.
"Chan eil. Bheir e mo dhìol dhòmhsa am fear a bhios a'
searmonachadh anns a' mhadainn a thuigsinn."

Urnaigh

*A Dhè ar slàinte,
air a' mhìos seo tha sinn a' cuimhneachadh
gun tàinig Iosa a dh'ionnsaigh an t-saoghail
ann an coileanadh nan aimsir, nuair a bha gach
nì ullaichte.
Tha sinn a' toirt taing dhut
airson a bheatha air thalamh mar Mhac an
duine,
airson a bhàis air a' chrann-cheusaidh mar ar
Fear-saoraidh,
agus airson 'aiseirigh ghlòrmhoir o na mairbh
mar an Aiseirigh agus a' Bheatha.
Deònaich dhuinn uile beannachdan na Nollaige.*

Amen

An dealbh air an aghaidh:
A' dol air tìr ann an Hiort.
Chaidh an dealbh seo a tharraing ann an 2010
nuair a chumadh seirbheis Ghàidhlig
a' comharrachadh gu robh ceithir fichead bliadhna
bho dh'fhàg an slugh an t-eilean.